

AINM: CLAS:

Ìre 4-7 Fìleantaich

Tàladh na Mara

le Norma Nicìomhair



Faclair

Leugh an sgeulachd. Coimhead air na faclan/abairtean air an taobh chli agus lorg a' chiall cheart dhaibh bhon liosta air an taobh dheas:

bha a cupan sòlais làn	gràin
doilgheas	buaidh fhaighinn ann an strì
fuath	a' dol an neul
mialaich	bha i air leth toilichte
fannachadh	bròn
làmh-an-uachdair	fuaim cait

Cànan

Thoir sùil air na faclan/abairtean às an stòiridh gu h-àrd a-rithist. Feuch ri an cur ann an sia seantansan ùra. Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut mar-thà:

fannachadh – Bha Màiri gus fannachadh leis an acras mun àm a ràinig i dhachaigh.

Ceistean

1. Carson a tha Alasdair troimh-a-chèile anns a' chiad phàirt den stòiridh?
2. Dè thachair dha athair?
3. Dè tha a' cur dragh air màthair Alasdair san dàrna pàirt den stòiridh?
4. Ciamar a tha e follaiseach gun tug na chunnaic Alasdair buaidh air anns an treas earrainn?
5. Saoil dè an naidheachd a bha a' feitheamh ri Anna anns a' phost?
6. Ciamar a b' urrainn dhuinn a ràdh gun d' fhuair Anna manadh (fios bàis) mus tàinig am post?
7. Càit a bheil Anna aig deireadh an stòiridh?
8. Ciamar a tha i a' faireachdainn, agus carson?
9. Tha cruth caran annasach air an stòiridh seo. Mìnich mar a tha e air a chur ri chèile.
10. Dè do bheachd air na caractaran san stòiridh seo? A bheil sinn a' faighinn cothrom eòlas a chur orra?
11. Dè an dà rud a bu lugha air Anna aig deireadh na sgeòil?
12. A bheil teachdaireachd san stòiridh idir?



Bha e riamh math air an t-snàmh, ach an dèidh sin bha eagal orm ...